

STORYWORLDS



# Ceiteag agus luch a' choimpiutair




Miriam Moss • Peet Ellison

Ceiteag  
agus  
luch a' choimpiutair




An teacs a Miriam Moss  
Na dealbhan Peet Ellison  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR



Latha bha siud bha Ceiteag anns  
a' chlasrum a' cluich gèam-litreachaidh  
air a' choimpiutar. Dh'fheuch i ris  
an fhacal *bad* a dhèanamh ach  
chliog an luch air *s* agus rinn i *sad*.  
“O,” arsa Ceiteag.  
“Tha an luch air briseadh.”




An sin chaidh an sgrion dearg, gorm,  
an uair sin uaine, agus nochd  
aodann beag.  
“Halò, a Cheiteag,” thuirt e. “Is mise Blip.  
Cuidichidh mise thu a' càradh na lucha.  
Dùin do shùilean agus tugainn còmhla  
rìumsa.”  
Dhùin Ceiteag a sùilean ...

“Càit a bheil mi?” dh’fhaighnich Ceiteag nuair a dh’fhosgail i a sùilean a-rithist.


“Tha thu am broinn a’ choimpiutair,” arsa Blip.

Bha Ceiteag a’ faicinn tòrr litrichean.

“Siud an gèam-litreachaidh agamsa,” thuirt i.



“An toiseach feumaidh sinn lorg far a bheil an luch a’ fuireach,” thuirt Blip. Sheall e air sgrion a’ choimpiutair agus phut e am putan, *Beathaichean*.



Siud dh’fhosgail doras agus chaidh Ceiteag agus Blip a-steach. Chunnaic iad rathad cumhang.



Thòisich Ceiteag agus Blip  
a' coiseachd air an rathad. Cha robh  
iad air a dhol fada nuair a thachair  
iad ri cat. "An aithne dhut far a bheil  
Luch a' fuireach?" dh'fhaighnich Blip.  
"Chan aithne," ars an cat.  
"Ach b' fheàrr leam gum b' aithne!  
Dhèanadh luch grèim blasta airson  
mo theatha."

An dèidh sin thachair Ceiteag agus Blip  
ri cailleach-oidhche.

"An aithne dhut far a bheil Luch  
a' fuireach?" dh'fhaighnich Ceiteag.

"Chan aithne," ars a' chailleach-oidhche.

"Ach b' fheàrr leam gum b' aithne!

Bhiodh luch glè bhlasta airson mo theatha."





Shuidh Ceiteag sìos air an fheur.  
“Cha lorg sinn Luch gu bràth,” thuirt i.  
Ach an uair sin, chunnaic i lorgan beaga.  
'S e lorgan luch a bha ann.

Lean Ceiteag agus Blip na lorgan



suas cnoc,



tarsainn drochaid



agus a-steach do choille.



An uair sin thàinig iad gu taigh-lucha  
ri taobh creig.



Bha Luch a-staigh.

“Chan eil mi ag obair an-diugh,” thuirt Luch.

“Chan eil mi gu math.”

“Chan eil thu gu math?” thuirt Ceiteag.

“Chan eil,” thuirt Luch. “Tha an cnatan orm.”

“Tha an cnatan ort?” arsa Ceiteag.


“Tha,” arsa Luch.



“Tha fios againne mar a chuidicheas sinn  
thu,” arsa Blip.

Rinn Ceiteag agus Blip deoch mhath, bhlàth  
dha Luch agus thug iad pìos càise dhi.

Cha b' fhada gus an robh Luch a' faireachdainn na b' fheàrr. "Tapadh leibh," arsa Luch agus i ag èirigh às an leabaidh. "A-nis thèid mi air ais a dh'obair."



"Feuch ri **Blip** a litreachadh," thuir Blip.

"**B .. l .. i .. p**," arsa Luch.

"Feuch ri **Ceiteag** a litreachadh," arsa Ceiteag.

"**C .. e .. i .. t .. e .. a .. g**," arsa Luch.

"Math fhèin," arsa Ceiteag. "Nis faodaidh mi mo ghèam-litreachaidh a chluich a-rithist." Mar sin thuir Ceiteag agus Blip, 'Slàn leat' ri Luch agus dh'fhalbh iad.



Thill Ceiteag agus Blip air an rathad,




tron choille,



tarsainn na drochaid



agus sìos an cnoc,



gus an do ràinig iad gèam-  
litreachaidh Ceiteag  
a-rithist.



Sa mhionaid sin thionndaidh a h-uile  
rud dearg, gorm agus an uair sin uaine.  
Ann an diog bha Ceiteag air ais sa chlasrum,  
agus àm stòraidh dìreach gus tòiseachadh.



Thàinig an tidsear, a' Bh.ph. Mhoireastan  
a-nall chun a' choimpiutair.

“Math fhèin, a Cheiteag,” thuirt i.

“Fhuair thu *geich* a-mach à *geich*.”

“Deich a-mach à deich?”

dh'fhaighnich Ceiteag.

“Tha mi duilich,” ars an tidsear.

“Tha an cnatan orm an-diugh.

Gabh mo leisgeul.”

Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
IBADAN PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Miriam Moss 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Miriam Moss a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a' comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 663 5